



Ceistean

Thoir sùil air paragraf 10.

- 1. Nad fhaclan fhèin, inns carson a tha Ailig a' faireachdainn fortanach gu bheil e air boireannach mar Sandra a phòsadh.**

Tha gaol air a bhith aig Ailig agus Sandra air a chèile airson iomadh bliadhna. Thòisich iad air suirghe nuair a bha iad gu math òg. Bha Ailig den bheachd gun robh Sandra air leth brèagha agus bha e air a dhòigh gun deach aigesan air toileachas a thoirt dhi.

Thoir sùil air paragraf 11.

- 2. Carson a stad iad san Òban air an t-slighe.**

Bha iad ag iarraidh tadhal air a' bhaile far an robh iad a' dol dhan sgoil.

Thoir sùil air paragraf 16.

“Cha b' fhuilear dhaibh na bh' aca de thìde”

3. Nad fhaclan fhèin, mìnich na tha thu a' tuigsinn bhon abairt seo.

Cha robh mòran ùine aca airson faighinn a Ghlaschu airson am plèan aca a ghlacadh. Dh'fheumaadh iad gach mionaid a bh' aca air fhàgail airson an turais seo.

Thoir sùil air paragraf 17.

“le frionas”

4. Thoir seachad facal no abairt eile a tha a' ciallachadh an aon rud ri “frionas”.

Gu feargach; le fearg; le guth fiadhaich; gu crosta; le cuthach na ghuth.

Thoir sùil air paragraf 20-23.**5. Nad fhaclan fhèin, mìnich cò ris a tha an togalach coltach, bhon taobh a-muigh agus bhon taobh a-staigh.**

Bha an togalach na sheasamh leis fhèin agus bha e air a chuirteachadh le craobhan chun na h-ìre 's nach fhaiceadh tu air fad e bhon rathad. B' e togalach mòr, àrd lè ceithir làir, no 's dòcha fiù 's na b' àirde na sin. Bha e air a dhèanamh le glainne, agus tron ghlainne seo, chitheadh tu staidhre mhòr iarainn a' dol suas bhon a' chiad làr. Aig bàrr na staidhre, bha saighead ann, a bha a' comharrachadh slighe suas an staidhre. A thuilleadh air an seo, cha robh mòran eile san togalach.

Thoir sùil air paragraf 23.

“chaidh gaoir tro fheòil”

Dè tha an abairt seo ag innse dhuinn mu dheidhinn mar a tha Ailig a' faireachdainn?

6. Gun robh an t-eagal air Ailig, mar gum faca, no gun cuala e, gun do dh'fhairich e rudeigin a chuir eagal mòr air.

Thoir sùil air paragraf 26.

“Thàinig dithis dhe na creutairean ga ionnsaigh...”

7 (a) Dè an cleas-sgrìobhaidh a tha an sgrìobhadair a’ cleachdadh an seo?

Eilipsis

(b) Dè a’ bhuidh a th’ aig a’ chleas-sgrìobhaidh seo?

Tha buaidh aig a’ chleas-sgrìobhaidh seo air an leughadair oir tha e a’ toirt oirnn stad agus smaointinn mu na tha dìreach air tachairt agus mu dè dh’fhaodadh tachairt a-nis. Tha an cleas seo a’ togail ùidh an leughadair oir tha e a’ toirt fa-near dhuinn gu bheil rudeigin cudromach a’ dol a thachairt san sgeulachd. Tha e gar cur air bhioran.

Thoir sùil air paragraf 28.

8. (a) Dè tha thu a’ mothachadh a tha sònraichte mu structair nan seantans sa pharagraf seo?

Tha am paragraf a’ crìochnachadh le sreath de sheantansan a tha uabhasach goirid.

(b) Ciamar a tha an structar sònraichte seo èifeachdach?

Tha an structair seo èifeachdach oir tha e a’ tarraing aire an leughadair gu sònraichte gu na briathran a tha a’ nochdadh sna seantansan goirid seo. Tha cruth nan seantans a’ samhlachadh na tha a’ tachairt san sgeulachd. Tha Sandra a’ coiseachd suas chun an togalaich agus, tha eagal oirre ‘s tha i a’ stad. Le seo, tha e èifeachdach gu bheil ‘stad’ a’ tighinn ann an ruith na sgeulachd cuideachd le cleachdadh stad-phuingean cho tric.

Thoir sùil air paragraf 28.

“Dè b’ urrainn dhi a dhèanamh? Dè bu chòir dhi a dhèanamh? Am bu chòir dhi a dhol a-steach?”

9. (a) Dè an cleas-sgrìobhaidh a tha an sgrìobhadair a’ cleachdadh an seo?

Fèin-cheasnachadh

(b) Ciamar a tha an cleas-sgrìobhaidh seo èifeachdach?

Tha an cleas sgrìobhaidh seo èifeachdach oir tha e a' tarraing aire an leughadair gu na briathran seo gu sònraichte. Tha e cuideachd èifeachdach oir tha seo a' samhlachadh staid inntinn Sandra; chan eil fios aice dè tha a' tachairt, no dè bu chòir dhi a dhèanamh. Tha gu bheil i ga ceasnachadh fhèin san dòigh seo a' nochdadh dhan leughadair gu bheil buaireadh na h-inntinn.

Thoir sùil air paragraf 30**“Thionndaidh i agus ruith i aig peileir a beatha”**

Nad fhaclan fhèin, minich dè thug air Sandra ruith air ais chun a' chàir ann an cabhaig.

Bha Sandra na seasamh gu h-iomagaineach aig doras an togalaich, nuair a dh'fhosgail an doras leis fhèin. Cha deach i idir a-steach, ach sheas i aig an doras. Bhon sin, chunnaic i suas an staidhre agus an sin chunnaic i casan neònach, oillteil le dath uaine aig bàrr na staidhre. An uair sin, chunnaic i na creutairean uile – an ceann agus an sùilean agus ghabh i an t-eagal cho mòr 's gun do theich i air ais chun a' chàir.

Thoir sùil air paragraf 31-38.**10. Nad fhaclan fhèin, minich na thachair do dh'Ailig anns an togalach seo.**

An uair a bha Ailig am broinn an togalaich, thachair rud iongantach dha agus chan eil sìon a chuimhn' aige air mar a dh'èirich dha. Choinnich e ri grunn chreutairean neònach air an robh iomadh cas uaine, agus sùilean grànda a bha ag atharrachadh dath. Rug aon de na creutairean air a làimh dheis agus fear eile air a làimh chlì. Cha tuirt na creutairean seo sìon, ach stiùir iad Ailig sìos trannsa agus lean na creutairean eile iad. Shlaod iad a-steach e gu rùm sònraichte. Anns an rùm seo, bha creutair neònach eile, a bha a' coimhead caran coltach ri càch. An uair sin, chuala Ailig guth neònach na inntinn, 's chan ann bho chluasan. Dh'inns an guth seo dha gun robh e san t-suidheachadh seo chionn 's gun robh na creutairean seo am beachd a thoirt dhan t-saoghal acasan nam biodh e freagarrach. Shlaod na creutairean Ailig a-null gu seòrsa de leabaidh agus chuir iad na shìneadh air an sin e, le clogad air a cheann.

An uair sin, bha e mar gun do thuit Ailig ann an cadal trom. Às dèidh greis, dhùisg e le ceann uabhasach fhèin goirt agus na creutairean uile nan seasamh mun cuairt na leapa. Bha iad uile a' coimhead ris a' chreutair a bha san rùm nuair a chaidh iad a-steach an toiseach, mar gun robh iad a' feitheamh ris innse dhaibh dè bu chòir dhaibh a dhèanamh. An uair sin, chuala Ailig an guth na cheann a-rithist. An turas seo, bha an guth ag ràdh gum bu chòir dhaibh Ailig a leigeil às falbh seach gun robh gaol

cho mòr aige air boireannach sònraichte agus gum biodh e cèarr a chumail air falbh bhuaipe. Mar sin, leig iad Ailig air falbh agus cha robh sìon a chuimhn' aige air dad a dh'èirich dha an latha ud.